

An Deagh Naidheachd



The Good News



Agus anns an t-siathamh mìos, chuireadh an t-aingeal Gabriel o Dhia, gu baile de Ghalile, dom b'ainm Nàsaret; A dh'ionnsaigh òighe a bha fo cheangal-pòsaidh aig fear dom b'ainm Iòseph, de thaigh Dhaibhidh; agus b'e ainm na h-òighe Muire. Agus air dol a-steach don aingeal da h-ionnsaigh, thubhairt e, Fàilte dhut, O thusa don do nochdadh mòr dheagh-ghean tha an Tighearna maille riut: is beannaichte thu am measg bhan. Agus nuair a chunnaic i e, bha i fo thrioblaid inntinn airson a chainnte, agus a' reusonachadh ciod a' ghnè fhàilte a dh'fhaodadh a bhith an seo. Agus thubhairt an t-aingeal rithe, Na biodh eagal ort, a Mhuire: oir fhuair thu deagh-ghean o Dhia. Agus, feuch, gabhaidh tu ad bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu losa mar ainm air. Bidh e mòr, agus goirear Mac an Tì as ro-àirde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha rìgh-chathair a athar fhèin Daibhidh. Agus bidh e na Rìgh air taigh làcoib gu bràth, agus cha bhi crìoch air a rìoghachd. Agus thubhairt Muire, Feuch banoglach an Tighearna; biodh e dhòmhsa a rèir d'fhacail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaip. Lucas 1:26-33 & 38

Now in the sixth month the angel Gabriel was sent by God to a city of Galilee named Nazareth, to a virgin betrothed to a man whose name was Joseph, of the house of David. The virgin's name was Mary. And having come in, the angel said to her, "Rejoice, highly favored one, the Lord is with you; blessed are you among women!" But when she saw him, she was troubled at his saying, and considered what manner of greeting this was. Then the angel said to her, "Do not be afraid, Mary, for you have found favor with God. And behold, you will conceive in your womb and bring forth a Son, and shall call His name Jesus. He will be great, and will be called the Son of the Highest; and the Lord God will give Him the throne of His father David. And He will reign over the house of Jacob forever, and of His kingdom there will be no end." Then Mary said, "Behold the maidservant of the Lord! Let it be to me according to your word." And the angel departed from her. Luke 1:26-33 & 38



Agus chaidh Iòseph mar an ceudna suas o Ghalile, à baile Nàsaret, do Iudèa, gu baile Dhaibhidh, den gairmear Betlehem, do bhrìgh gu robh e de thaigh agus de shliochd Dhaibhidh, A-chum gum biodh e air a mheas maille ri Muire a bha fo cheangal-pòsaidh dha, agus i mòr-thorrach. Agus thàrladh, am feadh a bha iad an sin, gun do choileanadh làithean a h-inbhe, a-chum i a bhith air a h-aisead. Agus rug i a ciad-ghin mic, agus phaisg i e ann am brat-spèilidh, agus chuir i na laighe ann am prasaich e; do bhrìgh nach robh àit aca anns an taigh-òsta.

Lucas 2:4-7

Joseph also went up from Galilee, out of the city of Nazareth, into Judea, to the city of David, which is called Bethlehem, because he was of the house and lineage of David, to be registered with Mary, his betrothed wife, who was with child. So it was, that while they were there, the days were completed for her to be delivered. And she brought forth her firstborn Son, and wrapped Him in swaddling cloths, and laid Him in a manger, because there was no room for them in the inn.

Luke 2:4-7



Agus bha anns an dùthaich sin buachaillean a' fantainn a-muigh, agus a' dèanamh faire-oidhche air an treud. Agus, feuch, thàinig aingeal an Tighearna orra, agus dhealraich glòir an Tighearna mun timcheall; agus ghabh iad eagal mòr. Agus thubhairt an t-aingeal riu, Na biodh eagal oirbh: oir feuch, tha mi ag innse dhuibh deagh sgeul mòr-aoibhneis, a bhios don uile shluagh: Oir rugadh dhuibh an-diugh Slànaighear, ann am baile Dhaibhidh, neach as e Crìosd an Tighearna. Agus bidh seo na chomharradh dhuibh: Gheibh sibh an naoidhean paisgte ann am brat-spèilidh, na laighe ann am prasaich. Agus air ball bha maille ris an aingeal cuideachd mhòr de armailtean nèimh, a' moladh Dhè, agus ag ràdh, Glòir do Dhia anns na h-àrdan, agus air talamh sìth, deagh-ghean do dhaoine. Lucas 2:8-14

Now there were in the same country shepherds living out in the fields, keeping watch over their flock by night. And behold, an angel of the Lord stood before them, and the glory of the Lord shone around them, and they were greatly afraid. Then the angel said to them, "Do not be afraid, for behold, I bring you good tidings of great joy which will be to all people. For there is born to you this day in the city of David a Savior, who is Christ the Lord. And this will be the sign to you: You will find a Babe wrapped in swaddling cloths, lying in a manger." And suddenly there was with the angel a multitude of the heavenly host praising God and saying: "Glory to God in the highest, and on earth peace, goodwill toward men!" Luke 2:8-14



Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann an spiorad e, air a lìonadh le gliocas: agus bha gràs Dhè air.

Lucas 2:40

And the Child grew and became strong in spirit, filled with wisdom; and the grace of God was upon Him.

Luke 2:40



Bha Eòin a' baisteadh anns an fhàsach, agus a' searmonachadh baisteadh an aithreachais a-chum maitheanas pheacaidhean. Agus chaidh a-mach da ionnsaigh tir Iudèa uile, agus luchd-àiteachaidh Ierusalem, agus bhaisteadh leis iad uile ann an abhainn Iòrdain, ag aideachadh am peacaidhean. Agus bha Eòin air èideadh le fionnadh chàmhail, agus crios leathair ma leasraidh; agus bu bhiadh dha lòcaist agus mil fhiadhaich. Agus shearmonaich e, ag ràdh, Tha neach a' teachd am dhèidh as cumhachdaiche na mise, neach nach airidh mise air cromadh sìos agus barr-iall a bhròg fhuasgladh. Bhaist mise gu dearbh sibh le uisge: ach baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh. Agus thàrladh anns na làithean sin gun tàinig Iosa o Nàsaret Ghalile, agus bhaisteadh e le Eòin ann an Iòrdan. Agus air ball, nuair a chaidh e suas as an uisge, chunnaic e na nèamhan air am fosgladh, agus an Spiorad mar chalaman a' teachd a-nuas air. Agus thàinig guth o nèamh, ag ràdh, Is tusa mo Mhac gràdhach, anns a bheil mo mhòr-thlachd. Marcus 1:4-11

John came baptizing in the wilderness and preaching a baptism of repentance for the remission of sins. Then all the land of Judea, and those from Jerusalem, went out to him and were all baptized by him in the Jordan River, confessing their sins. Now John was clothed with camel's hair and with a leather belt around his waist, and he ate locusts and wild honey. And he preached, saying, "There comes One after me who is mightier than I, whose sandal strap I am not worthy to stoop down and loose. I indeed baptized you with water, but He will baptize you with the Holy Spirit." It came to pass in those days that Jesus came from Nazareth of Galilee, and was baptized by John in the Jordan. And immediately, coming up from the water, He saw the heavens parting and the Spirit descending upon Him like a dove. Then a voice came from heaven, "You are my beloved Son, in whom I am well pleased."

Mark 1:4-11



Agus chaidh e suas gu beinn, agus ghairm e iadsan a b' àill leis: agus thàinig iad da ionnsaigh. Agus dh'òrdaich e dà-fhear-dheug, a-chum gum biodh iad maille ris, agus gun cuireadh e a-mach iad a shearmonachadh; Agus gum biodh aca cumhachd a leigheas easlainte, agus a thilgeadh a-mach dheamhan. Marcus 3:13-15

And He went up on the mountain and called to Him those He Himself wanted. And they came to Him. Then He appointed twelve, that they might be with Him and that He might send them out to preach, and to have power to heal sicknesses and to cast out demons. Mark 3:13-15



Agus bha duine de na Pharasaich, dom b'ainm Nicodèmus, a bha na uachdaran air na h-lùdhaich: Thàinig esan a-chum Iosa anns an oidhche, agus thubhairt e ris, A Mhaighistir, tha fhios againn gur fear-teagaisg thu a thàinig o Dhia: oir chan urrainn duine air bith na mìorbhailean seo a dhèanamh a tha thusa a' dèanamh, mura bi Dia maille ris. Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Gu deimhinn deimhinn tha mi ag ràdh riut, mura beirear duine a-ris, nach urrainn e rìoghachd Dhè fhaicinn. Thubhairt Nicodèmus ris, Cionnas a dh'fhaodas duine a bhith air a bhreith nuair tha e aosta? A bheil e comasach air dol a-steach an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus a bhith air a bhreith? Fhreagair Iosa, Gu deimhinn deimhinn tha mi ag ràdh riut, mura bi duine air a bhreith o uisge, agus on Spiorad, chan urrainn e dol a-steach do rìoghachd Dhè. An nì sin a tha air a bhreith on fheadail, is feòil e; agus an nì sin a tha air a bhreith on Spiorad, is spiorad e.

Eoin 3:1-6

There was a man of the Pharisees named Nicodemus, a ruler of the Jews. This man came to Jesus by night and said to him, "Rabbi, we know that You are a teacher come from God; for no one can do these signs that You do unless God is with him." Jesus answered and said to him, "Most assuredly, I say to you, unless one is born again, he cannot see the kingdom of God." Nicodemus said to Him, "How can a man be born when he is old? Can he enter a second time into his mother's womb and be born?" Jesus answered, "Most assuredly, I say to you, unless one is born of water and the Spirit, he cannot enter the kingdom of God. That which is born of the flesh is flesh, and that which is born of the Spirit is spirit." John 3:1-6



Agus thàrladh, an là na dhèidh sin, gun deachaidh e a-chum baile den gairmear Nain; agus chaidh a dheisciobail maille ris, agus sluagh mòr. A-nis nuair a thàinig e am fagas do gheata a' bhaile, feuch, ghiùlaineadh a-mach duine marbh, aon mhac a mhàthar, agus bu bhantrach i: agus bha sluagh mòr de mhuinntir a' bhaile maille rithe. Agus nuair a chunnaic an Tighearna i, ghabh e truas dhith, agus thubhairt e rithe, Na guil. Agus thàinig e agus bhean e ris a' ghiùlan; agus sheas iadsan a bha ga iomchar; agus thubhairt e, Oganaich, tha mi ag ràdh riut, èirich. Agus dh'èirich an duine a bha marbh na shuidhe, agus thòisich e air labhairt: agus thug e da mhàthair e. Agus ghlac eagal iad uile: agus thug iad glòir do Dhia, ag ràdh, Dh'èirich fàidh mòr nar measg-ne; agus, Dh'amhairc Dia air a shluagh fhèin. Lucas 7:11-16

Now it happened, the day after, that He went into a city called Nain; and many of His disciples went with Him, and a large crowd. And when He came near the gate of the city, behold, a dead man was being carried out, the only son of his mother; and she was a widow. And a large crowd from the city was with her. When the Lord saw her, He had compassion on her and said to her, "Do not weep." Then he came and touched the open coffin, and those who carried him stood still. And He said, "Young man, I say to you, arise." So he who was dead sat up and began to speak. And He presented him to his mother. Then fear came upon all, and they glorified God, saying, "A great prophet has risen up among us" and "God has visited His people." Luke 7:11-16



An sin nuair a thog losa suas a shùilean, agus a chunnaic e gun tàinig buidheann mhòr shluaigh da ionnsaigh, thubhairt e ri Philip, Cia an t-àit as an ceannaich sinn aran a-chum gun ith iad seo? (Ach thubhairt e seo ga dhearbhadh-san; oir bha fhios aige fhèin ciod a dhèanadh e.) Fhreagair Philip e, Cha leòr dhaibh luach dà cheud pèighinn de aran, a-chum gun gabhadh gach aon dhiubh beagan. Thubhairt aon de a dheisciobail, Anndras, bràthair Shìmoin Pheadair, ris, Tha òganach an seo, aig a bheil còig buileannan eòrna, agus dà iasg bheag: ach ciod iad seo am measg na h-uiread? Agus thubhairt losa, Thugaibh air na daoine suidhe sìos. A-nis bha mòran feòir anns an àite. Air an adhbhar sin shuidh na daoine sìos, ann an àireamh timcheall còig mìle. Agus ghlac losa na buileannan, agus air tabhairt buidheachais dha roinn e air na deisciobail iad, agus na deisciobail orrasan a shuidh: agus mar an ceudna de na h-èisg bheaga, a mheud is a b' àill leo. Nuair a shàsaicheadh iad, thubhairt e ra dheisciobail, Cruinnichibh am biadh briste a tha a thuilleadh ann, a-chum nach caillear a' bheag. Air an adhbhar sin chruinnich iad e ri chèile, agus lion iad dà-chliabh-dheug de spruilleach nan còig buileannan eòrna, a bha a dh'fhuidheall aig a' mhuinntir a dh'ith. An sin nuair a chunnaic na daoine sin am mìorbhail a rinn losa, thubhairt iad, Gu firinneach is e seo am fàidh a bha gu teachd a-chum an t-saoghail. Eoin 6:5-14

Then Jesus lifted up His eyes, and seeing a great multitude coming toward Him, He said to Philip, "Where shall we buy bread, that these may eat?" But this He said to test him, for He himself knew what He would do. Philip answered Him, "Two hundred denarii worth of bread is not sufficient for them, that every one of them may have a little." One of His disciples, Andrew, Simon Peter's brother, said to Him, "There is a lad here who has five barley loaves and two small fish, but what are they among so many?" Then Jesus said, "Make the people sit down." Now there was much grass in the place. So the men sat down, in number about five thousand. And Jesus took the loaves, and when He had given thanks He distributed them to the disciples, and the disciples to those sitting down; and likewise of the fish, as much as they wanted. So when they were filled, He said to His disciples, "Gather up the fragments that remain, so that nothing is lost." Therefore they gathered them up, and filled twelve baskets with the fragments of the five barley loaves which were left over by those who had eaten. Then those men, when they had seen the sign that Jesus did, said, "This is truly the Prophet who is come into the world." John 6:5-14



Agus nuair a thàinig am feasgar, chaidh a dheisciobail sìos a-chum na mara. Agus air dol ann an luing dhaibh, chaidh iad thar a' mhuir gu Capernàum: agus bha an dorchadas a-nis ann, agus cha robh losa air teachd dan ionnsaigh. Agus aig sèideadh do ghaoith mhòir, dh'èirich a' mhuir. Uime sin nuair a rinn iad iomramh timcheall còig no deich-ar-fhichead de stàidean, chunnaic iad losa ag imeachd air a' mhuir, agus a' druideadh ris an luing; agus ghabh iad eagal. Ach thubhairt esan riu, Is mise a tha ann; na biodh eagal oirbh. Uime sin ghabh iad gu toileach a-steach don luing e: agus air ball ràinig an long an tìr gus an robh iad a' dol.

Eoin 6:16-21

Now when evening came, His disciples went down to the sea, got into the boat, and went over the sea toward Capernaum. And it was already dark, and Jesus had not come to them. Then the sea arose because a great wind was blowing. So when they had rowed about three or four miles, they saw Jesus walking on the sea and drawing near the boat; and they were afraid. But He said to them, "It is I; do not be afraid." Then they willingly received Him into the boat, and immediately the boat was at the land where they were going.


John 6:16-21



Agus thug iad leanaban da ionnsaigh, a-chum gum beanadh e riu; agus chronaich a dheisciobail a' mhuinntir a thug leo iad. Ach nuair a chunnaic Iosa sin, bha e ro-dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanaban teachd am ionnsaigh, agus na bacaibh iad: oir is ann dan leithidean a tha rìoghachd Dhè. Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh, Ge bè neach nach gabh rìoghachd Dhè mar leanabh beag, nach tèid e gu bràth a-steach innte. Agus ghlac e na uchd iad, agus chuir e a làmhan orra, agus bheannaich e iad.


Marcus 10:13-16

Then they brought little children to Him, that He might touch them; but the disciples rebuked those who brought them. But when Jesus saw it, He was greatly displeased and said to them, "Let the little children come to Me, and do not forbid them; for of such is the kingdom of God. Assuredly I say to you, whoever does not receive the kingdom of God as a little child will by no means enter it." And He took them up in His arms, laid His hands on them, and blessed them. Mark 10:13-16



Is mise am buachaille math: leigidh am buachaille math a anam sìos airson nan caorach. Tha mo choraich-sa ag èisteachd rim ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi: Agus bheir mi a' bheatha mhaireannach dhaibh; agus cha sgriosar iad am feasd, cha mhò a spionas neach air bith as mo làimh iad. Eoin 10:11 & 27-28

“I am the good shepherd. The good shepherd gives His life for the sheep. My sheep hear My voice, and I know them, and they follow Me. And I give them eternal life, and they shall never perish; neither shall anyone snatch them out of My hand.” John 10:11 & 27-28



An sin chruinnich na h-àrd-shagartan agus na Pharasaich comhairle, agus thubhairt iad, Ciod tha sinn a' dèanamh? Oir tha an duine seo a' dèanamh mòran mhìorbhailean. Ma leigeas sinn leis air an dòigh seo, creididh na h-uile dhaoine ann; agus thig na Ròmanaich, agus sgriosaidh iad ar n-àite, agus ar cinneach. An sin thubhairt fear àraidh dhiubh dom b'ainm Caiaphas, air dha a bhith na àrd-shagart air a' bhliadhna sin, riu, Chan aithne dhuibh nì sam bith. Cha mhò a tha sibh a' toirt fa-near gur iomchaidh dhuinne gum faigheadh aon duine bàs airson an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios. Ach cha b'ann uaithe fhèin a labhair e seo: ach air dha a bhith na àrd-shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireachd gum faigheadh losa bàs airson a' chinnich sin; Agus chan ann airson a' chinnich sin a-mhàin, ach a-chum mar an ceudna gun cruinnicheadh e an ceann a chèile, nan aon, clann Dhè a bha air an sgapadh. Uime sin on là sin a-mach, chuir iad an comhairle ri chèile a-chum esan a chur gu bàs.


Eoin 11:47-53

Then the chief priests and the Pharisees gathered a council and said, "What shall we do? For this Man works many signs. If we let Him alone like this, everyone will believe in Him, and the Romans will come and take away both our place and nation." And one of them, Caiaphas, being high priest that year, said to them, "You know nothing at all, nor do you consider that it is expedient for us that one man should die for the people, and not that the whole nation should perish." Now this he did not say on his own authority; but being high priest that year he prophesied that Jesus would die for the nation, and not for that nation only, but also that He would gather together in one the children of God who were scattered abroad. Then, from that day on, they plotted to put Him to death. John 11:47-53



Agus nuair a thàinig am feasgar, shuidh e maille ris an dà-fhear-dheug. Agus ag ithe dhaibh, thubhairt e, Gu deimhinn tha mi ag ràdh ribh gum brath fear dhibh mise. Agus bha iad ro-bhrònach, agus thòisich gach aon aca fa-leth air a ràdh ris, Am mise e, a Thighearna? Agus fhreagair esan agus thubhairt e, An tì a thumas a làmh anns a' mhèis maille riumsa, brathaidh esan mi. Mata 26:20-23

When evening had come, He sat down with the twelve. Now as they were eating, He said, "Assuredly, I say to you, one of you will betray Me." And they were exceedingly sorrowful, and each of them began to say to Him, "Lord, is it I?" He answered and said, "He who dipped his hand with Me in the dish will betray Me." Matthew 26:20-23




Agus thugadh mar an ceudna dithis eile, a bha nan luchd droch-bheairt, a-chum a bhith air an ceusadh maille ris. Agus nuair a thàinig iad don àite den goirear Calbhari, an sin cheus iad e fhèin, agus na droch dhaoine, fear dhiubh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chli. Agus thug aon de na droch dhaoine a chrochadh toibheum dha, ag ràdh, Mas tu Crìosd, saor thu fhèin agus sinne. Ach fhreagair am fear eile, agus chronaich e e, ag ràdh, Nach eil eagal Dhè ort, agus gu bheil thu fon aon dìteadh ris? Agus sinne da-riribh ann an ceartas; oir tha sinn a' faotainn nan nithean sin a thoill ar gnìomharan: ach cha do rinn an duine seo cron air bith. Agus thubhairt e ri Iosa, A Thighearna, cuimhnich ormsa nuair a thig thu dod rìoghachd. Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhinn tha mi ag ràdh riut gum bi thu maille riumsa an-diugh ann am Pàrras.

Lucas 23:32-33 & 39-43



There were also two others, criminals, led with Him to be put to death. And when they had come to the place called Calvary, there they crucified Him, and the criminals, one on the right hand and the other on the left. Then one of the criminals who were hanged blasphemed Him, saying, "If You are the Christ, save Yourself and us." But the other, answering, rebuked him, saying, "Do you not even fear God, seeing you are under the same condemnation? And we indeed justly, for we receive the due reward of our deeds; but this Man has done nothing wrong." Then he said to Jesus, "Lord, remember me when You come into Your kingdom." And Jesus said to him, "Assuredly, I say to you, today you will be with Me in Paradise."

Luke 23:32-33 & 39-43



Agus bha e mu thimcheall na siathamh uaire, agus bha dorchadas air an talamh uile gus an naoidheamh uair. Agus dhorchaicheadh a' ghrian, agus reubadh brat-roinn an teampaill na mheadhon. Agus nuair a ghlaodh losa le guth mòr, thubhairt e, Athair, tha mi a' tiomnadh mo spioraid ad làmhan-sa: agus nuair a thubhairt e seo, thug e suas an deò. A-nis nuair a chunnaic an ceannard-ceud an nì a rinneadh, thug e glòir do Dhia, ag ràdh, Gu firinneach b'ionracan an duine seo. Lucas 23:44-47


Now it was about the sixth hour, and there was darkness over all the earth until the ninth hour. Then the sun was darkened, and the veil of the temple was torn in two. And when Jesus had cried out with a loud voice, He said, "Father, into your hands I commit My spirit." Having said this, He breathed His last. So when the centurion saw what had happened, he glorified God, saying, "Certainly this was a righteous Man!" Luke 23:44-47



Agus air teachd don fheasgar, thàinig duine saibhir o Arimatèa, dom b'ainm Iòseph, a bha e fhèin na dheisciobal aig Iosa mar an ceudna. Chaidh esan gu Pilat, agus dh'iarr e corp Iosa: an sin dh'àithn Pilat an corp a thabhairt dha. Agus ghlac Iòseph an corp, agus phàisg e ann an lìon-aodach fìorghlan e, Agus chuir e e na uaigh nuaidh fhèin, a chladhaich e ann an carraig. Agus charaich e clach mhòr gu doras na h-uaighe, agus dh'imich e roimhe. Agus bha Muire Magdalen agus a' Mhuire eile nan suidhe fa chomhair na h-uaighe. Mata 27:57-61



Now when evening had come, there came a rich man from Arimathea, named Joseph, who himself had also become a disciple of Jesus. This man went to Pilate and asked for the body of Jesus. Then Pilate commanded the body to be given to him. When Joseph had taken the body, he wrapped it in a clean linen cloth, and laid it in his new tomb which he had hewn out of the rock; and he rolled a large stone against the door of the tomb, and departed. And Mary Magdalene was there, and the other Mary, sitting opposite the tomb.

Matthew 27:57-61



A-nis air a' chiad là den t-seachdain, gu ro-mhoch air mhadainn, thàinig iad a-chum na h-uaighe, a' toirt leo nan spiosraidh a dh'ullaich iad, agus mnathan àraidh eile maille riu. Agus fhuair iad a' chlach air a carachadh on uaigh. Agus air dhaibh dol a-steach, cha d'fhuair iad corp an Tighearna Iosa. Agus am feadh a bha iad ann an imcheist mun nì seo, feuch, sheas dithis dhaoine làimh riu ann an aodaichean dealrach. Agus air dhaibh a bhith fo eagal, agus a' cromadh an aghaidh a-chum na talmhainn, thubhairt iad riu, Carson a tha sibh ag iarraidh an tì a tha beò am measg nam marbh? Chan eil e an seo, ach dh'èirich e: cuimhnichibh mar a labhair e ribh air dha a bhith fhathast ann an Galile; Ag ràdh, Is èiginn do Mhac an Duine a bhith air a thoirt thairis do làmhan dhaoine peacach, agus a bhith air a cheusadh, agus èirigh a-ris air an treas là. Agus chuimhnich iad a bhriathran. Lucas 24:1-8

Now on the first day of the week, very early in the morning, they, and certain other women with them, came to the tomb bringing the spices which they had prepared. But they found the stone rolled away from the tomb. Then they went in and did not find the body of the Lord Jesus. And it happened, as they were greatly perplexed about this, that behold, two men stood by them in shining garments. Then, as they were afraid and bowed their faces to the earth, they said to them, "Why do you seek the living among the dead? He is not here, but is *risen!* Remember how He spoke to you when He was still in Galilee, saying, 'The Son of Man must be delivered into the hands of sinful men, and be crucified, and the third day rise again.'" And they remembered His words. Luke 24:1-8



Agus dh'èirich iad air an uair sin fhèin, agus thill iad gu Ierusalem, agus fhuair iad an t-aon-fhear-deug cruinn an ceann a chèile, agus an dream a bha maille riu, Ag ràdh, Dh'èirich an Tighearna da-rìribh, agus chunnacas le Simon e. Agus dh'innis iad na nithean a rinneadh air an t-slighe, agus mar a dh'aithnicheadh leo e ann am briseadh an arain. Agus a' labhairt nan nithean seo dhaibh, sheas losa fhèin nam meadhon, agus thubhairt e riu, Sìth maille ribh. Ach bha iadsan fo gheilt-chrith agus fo eagal, agus shaoil iad gur spiorad a chunnaic iad. Agus thubhairt e riu, Carson a tha sibh fo bhuaireas, agus carson a tha smuaintean ag èirigh suas nur cridheachan? Feuchaibh mo làmhan agus mo chasan, gur mi fhèin a tha ann: laimhsichibh mi, agus faicibh; oir chan eil aig spiorad feòil agus cnàmhan, mar a chì sibh agamsa. Agus nuair a thubhairt e seo, nochd e dhaibh a làmhan agus a chasan.

Lucas 24:33-40

So they rose up that very hour and returned to Jerusalem, and found the eleven and those who were with them gathered together, saying, "The Lord is risen indeed, and has appeared to Simon!" And they told about the things that had happened on the road, and how He was known to them in the breaking of bread. Now as they said these things, Jesus Himself stood in the midst of them, and said to them, "Peace to you." But they were terrified and frightened, and supposed they had seen a spirit. And he said to them, "Why are you troubled? And why do doubts arise in your hearts? Behold My hands and My feet, that it is I Myself. Handle Me and see, for a spirit does not have flesh and bones as you see I have." When He had said this, He showed them His hands and His feet.

Luke 24:33-40



Agus thubhairt e riu, Mar seo tha e sgrìobhte, agus mar seo b'èiginn do Chrìosd fulang, agus èirigh o na mairbh air an treas là: Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh a bhith air an searmonachadh na ainm-san, do na h-uile chinnich, a' tòiseachadh aig Ierusalem. Agus is fianaisean sibhse air na nithean seo. Agus thug e a-mach iad cho fad is Betani; agus thog e suas a làmhan, agus bheannaich e iad. Agus am feadh a bha e gam beannachadh, dhealaicheadh riu e, agus thogadh suas gu nèamh e. Lucas 24:46-48 & 50-51

And He said to them, "Thus it is written, and thus it was necessary for the Christ to suffer and to rise from the dead the third day, and that repentance and remission of sins should be preached in His name to all nations, beginning at Jerusalem. And you are witnesses of these things." And he led them out as far as Bethany, and He lifted up His hands and blessed them. Now it came to pass while He blessed them, that He was parted from them and carried up into heaven. Luke 24:46-48 & 50-51

Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gun tug e a aon-ghin Mhic fhèin, a-chum is ge bè neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gum bi a' bheatha shìorraidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac don t-saoghal a-chum gun dìteadh e an saoghal, ach a-chum gum biodh an saoghal air a shaoradh trìdsan. An tì a chreideas ann, cha dìtear e: ach an tì nach creid, tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e ann an ainm aon-ghin Mhic Dhè. Eoin 3:16-18

For God so loved the world that He gave His only begotten Son, that whoever believes in Him should not perish but have everlasting life. For God did not send His Son into the world to condemn the world, but that the world through Him might be saved. He who believes in Him is not condemned; but he who does not believe is condemned already, because he has not believed in the name of the only begotten Son of God. John 3:16-18

Ma their sinn nach eil peacadh againn, tha sinn gar mealladh fhèin, agus chan eil an fhìrinn annainn. Ma dh'aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan fìrinneach agus ceart, a-chum ar peacaidhean a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd. 1 Eoin 1:8-9

If we say that we have no sin, we deceive ourselves, and the truth is not in us. If we confess our sins, He is faithful and just to forgive us our sins and to cleanse us from all unrighteousness. I John 1:8-9

Thubhairt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha: cha tig aon neach a-chum an Athar ach tromhamsa. Eoin 14:6

Jesus said to him, "I am the way, the truth, and the life. No one comes to the Father except through Me." John 14:6

Thigibh am ionnsaigh-sa, sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. Gabhaibh mo chuing oirbh, agus fòghlamaibh uam, oir tha mise macanta agus iriosal ann an cridhe: agus gheibh sibh fois dur n-anaman. Oir tha mo chuing-sa so-iomchair, agus tha m'uallach aotrom. Mata 11:28-30

"Come to Me, all you who labor and are heavy laden, and I will give you rest. Take My yoke upon you and learn from Me, for I am gentle and lowly in heart, and you will find rest for your souls. For My yoke is easy and My burden is light." Matthew 11:28-30

Agus rinn Iosa, gu fìrinneach, mòran de mhìorbhailean eile am fianais a dheisciobal, nach eil sgrìobhte anns an leabhar seo. Ach tha iad seo sgrìobhte, a-chum gun creideadh sibh gur e Iosa an Crìosd Mac Dhè; agus a' creidsinn dhuibh, gum biodh agaibh beatha tro a ainm-san. Eoin 20:30-31

And truly Jesus did many other signs in the presence of His disciples, which are not written in this book; but these are written that you may believe that Jesus is the Christ, the Son of God, and that believing you may have life in His name. John 20:30-31

Is mise Alpha agus Omega, an tùs agus a' chrìoch, an ciad neach agus an neach deireannach. Taisbeanadh 22:13

"I am the Alpha and the Omega, the Beginning and the End, the First and the Last." Revelation 22:13

ΑΩ



A Dhè ghràs mhor, tha mi ag aideachadh gur peacach mi agus gu bheil feum agam ortsa. Tha mi taingeil dhut airson mo pheacaidhean a' ghabhail ort fhein, le bhi basachadh air a chrann-ceùsaidh air mo shon. Moladh dhut g'eil mo pheacaidhean air a' maitheadh 's g'eil thu air bheatha mhaireanach a ghealltainn dhomh. Tha mi ag iarraidh gun tig thu steach nam bheatha mar Thighearna 's mar Shlanuighear. Stiuir mo cheumanan gach latha bhon seo a-mach.

Ainm _____ Ceann-lá _____

Does this prayer express the desire of your heart? If it does, pray this prayer and Christ will come into your life as He promised:

“Lord Jesus, I realize that I am a sinner and need you in my life. I thank you for dying on the cross to take away my sins. Thank you for forgiving my sins and giving me eternal life. I invite you into my life as Savior and Lord. Please take control of my life.”

Name _____ Date _____

Dealbhan le Linda Riddell

Illustrated by Linda Riddell

Scottish Gaelic verses are from
Comann-Bhioball Duthchail na h-Alba

The Scottish Bible Society

7 Hampton Terrace, Edinburgh, EH12 5XU, United Kingdom

www.scottishbiblesociety.org

Used by permission.

English Scripture quotations are from the New King James Version

Copyright © 1982 by Thomas Nelson, Inc., Publishers

Used by permission. All rights reserved.

www.goodnewscoloringbook.org

Scottish Gaelic/English

